



Highlands and Islands  
Airports Limited  
Puirt-adhair na Gàidhealtachd  
is nan Eilean Earranta

# Plana Obrachaidh Corporra

An Giblean 2024-Am Màrt 2025

# Ar Misean, Àrd-amas agus Luachan

'S e an t-amas a th' againn a bhith a' cur an comas ceanglaichean adhair agus a' cumail taic ri seirbheisean deatamach do na coimhearsnachdan a bhios sinn a' frithealadh tro lionra de phuirt-adhair sàbhailte is seasmhach.

Tha seo air a dhaingneachadh leis an àrd-amas againn gu bheil sinn airson a bhith nar buidheann phort-adhair roinneil le cothromachadh-carboin.

## Ar Luachan

Tha na luachan againn aig cridhe gach rud a ni sinn agus mar a ni sinn e. Tha iad a' mineachadh cò sinn; na tha sinn a' sùileachadh bho chèile agus bhuainn fhìn; mar a bhios sinn ag eadar-obrachadh le chèile agus mar a bhios sinn ag eadar-obrachadh le ar custamairean, coimhearsnachdan agus luchd-üidh eile. Tha cultar làdir stéidhichte air luachan a tha a' cumail taic ri libhrigeadh nam priomhachasan ro-innleachdail againn aig cridhe ar soirbheis san ùine fhada.



### Openness

Bidh sinn ag obair còmhla gus earbsa a thogail anns an eòlas/sna sgilean againn; chan eil sinn ag obair ann an silothan fein-üidh.

### Respect



Bidh sinn daonnan ag èisteachd ri, agus a' freagairt ri custamairean agus co-obraichean; cha dèan sinn dearmad air feumalachdan càch.

### Innovation



Tha sinn daonnan a' feuchainn ri rudan a dhèanamh nas fheàrr san àm ri teachd, cha bhi sinn direach a' gabhail ris an status quo.

### Ownership



Bidh sinn daonnan a' gabhail uallach airson ar cuid gnìomhan; chan eil sinn an dùil gun dèan daoine eile seo.

### Excellence



Bidh sinn daonnan a' dèanamh ar dìcheall gus an ire as fheàrr as urrainn dhuinn a libhrigeadh; cha ghabh sinn ri dad nas lugha.

# Ro-ràdh

Às dèidh làn phrògram conaltraidh le co-obraichean, com-pàirtichean agus luchd-ùidh, dh'fhoillsich sinn am Plana Ro-innleachdail againn às dèidh aonta bho Bhòrd HIAL sa Ghearran 2023.

Tha Plana Ro-innleachdail 2023-28 a' mineachadh nan amasan agus priomhachasan ro-innleachdail ùraichte againn gus ar cuideachadh le bhith a' ruith puirt-adhair sàbhailte is seasmhach airson nan ginealaichean ri teachd.

Seo an dàrna phlana obrachaidh againn airson Giblean 2023 gu Màrt 2024 agus chaidh a dhealbh gus na gniomhan a shealltann a ghabhas sinn gus na sia priomhachasan sa Phlana Ro-innleachdail ùr againn a choileanadh:

- Libhrig modail obrachaidh port-adhair sàbhailte is seasmhach gus feumalachdan ar custamairean, coimhlearsnachdan ionadail agus co-obraichean a choileanadh
- Ath-thaobhaich ar tasgadh bun-structair gus am bi e a rèir stòrasan a tha rim faighinn.
- Leudaich an teachd-a-steach coimeirsealta againn agus cruthaich sruthan teachd-a-steach ùra.
- Lùghdaich a' bhuaidh àrainneachdail againn.
- Leasaich an sgioba-obrach againn gus modail gniomhachais sùbailte ùr-nodha a libhrigeadh.
- Obraich ann an com-pàirteachas airson àm ri teachd seasmhach.

Leis na dùblain maoineachaidh mòra a bhios romhainn san ùine air thoisearch oirnn, 'e am fòcas ro-innleachdail againn a bhith ag obair cho èifeachdach 's a ghabhas, agus aig an aon àm a bhith a' cumail suas na h-ire àrd de sheirbheis ris a bheil custamairean HIAL an dùil.

Ni sinn ath-sgrùdadadh cunbalach air na gniomhan againn gus dèanamh cinnteach gun tèid an libhrigeadh taobh a-staigh a' mhaoineachaidh iomlan a tha againn. Tha cuid de na gniomhan anns a' phlana seo farsaing agus mar sin dh'fhaodte gum bi iad a' dol thairis air barrachd air aon bhliadhna ionmhais. Mar sin, thèid cuid de na gniomhan a chur air adhart do phlanaichean obrachaidh san àm ri teachd airson criochnachadh.

Gus am plana obrachaidh seo a libhrigeadh, feumaidh sinn taic bho na co-obraichean obrachaidh is taic uile againn agus tha sinn a' dèanamh fiughair ri an taic is obair leantainneach agus sinn a' libhrigeadh ar cuid amasan.



A handwritten signature in black ink that reads "Stewart Adams". The signature is fluid and cursive, with a distinctive flourish at the end.

**Stewart Adams**  
Àrd-ofigeir

## Aithris air sgrùdadadh agus air adhartas

Thèid aithisgean adhartais ullachadh air na gniomhan sa Phlana Obrachaidh Chorporra seo gach ràith gus fiosrachadh coileanaidh a thoirt seachad gus an urrainn dhuinn na gniomhan againn a stiùireadh gu h-èifeachdach san àm ri teachd.

Thèid na h-aithisgean adhartais a sgrùdadadh leis an Àrd-sgioba Stiùiridh mar phàirt den dleastanas aca a thaobh planadh is coileanadh. Bheir am pròiseas aithris sealladh nas feàrr do na h-àrd-mhanaidsearan againn air libhrigeadh nan gniomhan ro-innleachdail againn agus nì e cinnteach gum bi riaghadh nan gniomhan agus buidseatan againn san àm ri teachd èifeachdach.

Thèid na h-aithisgean coileanaidh ràitheil a thoirt do Bhòrd HIAL gus an urrainn dhaibh an sgrùdadadh.

Thèid aithris air adhartas aig deireadh gach bliadhna ann an Aithisg Bhliadhnailean is Cunnasan HIAL.

# Prìomhachasan Ro-innleachdail



## Libhrig modail obrachaidd port-adhair sàbhailte is seasmhach gus feumalachdan ar custamairean, coimhearsnachdan ionadail agus co-obraichean a choileanadh

**Libhrig modail obrachaidd port-adhair sàbhailte is seasmhach gus feumalachdan ionadail a choileanadh**

Priomhachas  
Ceangailte ri Priomhachas

Ball SMT/  
Sponsair a' Phròiseict

Libhrig modail obrachaidd port-adhair sàbhailte is seasmhach gus feumalachdan ionadail a choileanadh  
Ath-thaobhaich ar tasgadh bun-structair gus am bi e a réir stòrasan a tha rim faighinn  
Leudaich an teachd-a-steach coimeirsealta agus cruthaich suthan teachd-a-steach ùra  
Lùghdaich a' bhuaidh àrainneachdail againn  
Leasach an sgioba-obrach againn gus modail gniomhachais subailte ur-nodha a libhrigeadh  
Obraich ann an com-pàrtteachas airson àm ri teachd seasmhach

Cuir an gniomh modalan obrachaidd puirt-adhair ath-sgrùdaichte gus feumalachdan coimhearsnachd agus gniomhachd ionadail a choileanadh. Ann an 2024/25, ann an co-bhonn ri HR, thèid clàran-ùine obrach ath-sgrùdaichte a dhealbh stèidhichte air an t-seachdain obrach 35 uair a thide aontaichte. Dèan lèirmheas air uairean obrachaidd nam port-adhair gus dèanamh cinnteach gu bheil clàran-ùine obrach agus uairean fosglaidh puirt-adhair air an aon rèir.

Dèan ath-sgrùdadh leantainneach air cosgaisean gniomhachais is obrachaidd gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a' co-thaobhadh ri libhrigeadh nam priomhachasan ro-innleachdail againn. Lorg agus cuir an gniomh ceumannan gus cosgaisean obrachaidd a lùghdachadh, teachd-a-steach a dhèanamh agus èifeachdas gniomhachais a mheudachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil air priomhachasan ro-innleachdail air an libhrigeadh taobh a-staigh ar riarrachadh maoineachaidd sna bliadhnaichean ri teachd.

Stèidhich structar comataidhean airson na Comataidh Sàbhailteachd Corporra gus tar-shealladh corporra a thoirt air amasan agus riatanasan sàbhailteachd air feadh na Companaidh. Obraich a-mach priomh chomharran coileanaidh agus cruth aithris airson Büird HIAL agus DAL.

Aontaich agus cuir an gniomh structar luchd-obrach ath-sgrùdaichte gus foincsean taic sa mheadhan a chruthachadh airson seirbheisean trafaig adhair. Cruthaich agus libhrig plana gus an structar ùr a chur an gniomh.

Stiùiriche Gniomhan Puirt-adhair	Ceangailte ri Priomhachasan Ro-innleachdail eile			
Stiùiriche Gniomhan Puirt-adhair				
Priomh Oifigear Ionmhais				
Stiùiriche Sàbhailteachd is Gèilleadh				
Ceannard Seirbheisean lùil Adhair				



## Ath-thaobhaich ar tasgadh bun-structair gus am bi e a réir stòrasan a tha rim faighinn

**Ath-thaobhaich ar tasgadh bun-structair gus am bi e a réir stòrasan a tha rim faighinn**

Ball SMT/  
Sponsair a' Phròiseict

Libhrig modail obrachaidd port-adhair sàbhailte is seasmhach gus feumalachdan ionadail a choileanadh  
Ath-thaobhaich ar tasgadh bun-structair gus am bi e a réir stòrasan a tha rim faighinn  
Leudaich an teachd-a-steach coimeirsealta agus cruthaich suthan teachd-a-steach ùra  
Lùghdaich a' bhuaidh àrainneachdail againn  
Leasach an sgioba-obrach againn gus modail gniomhachais subailte ur-nodha a libhrigeadh  
Obraich ann an com-pàrtteachas airson àm ri teachd seasmhach

Cuir an gniomh cùmhnant stiùireadh seilbh agus cùmhnanntan solaraichean co-cheangailte gus ire seirbheis chunbalach a thoirt seachad thairis air stòrasan fearainn is thoglaichean HIAL gu leir. Dèan cinnteach gu bheil an clàr de chumail suas thogalaichean, dealbhaichte agus ro-chasgach, air a libhrigeadh taobh a-staigh raointeann-ama stèidhichte agus taobh a-staigh nam buidseatan a tha rim faighinn.

Dèan lèirmheas obrachaidd air stòrasan fearainn is thoglaichean HIAL. Dèan cinnteach gu bheil a h-uile stòras fearainn is thoglaichean air a riaghladh a rèir prionnnsapalan Institiùd Riaghladh nam Maoinean.

Ag obair le priomh luchd-ùidh air an taobh a-staigh a' mineachadh, ag aontachadh, agus a' cur an gniomh sleath de phriomh chomharran coileanaidh bun-structair a bhios a rèir feumalachdan obrachaidd agus amasan na Companaidh.

Stiùiriche Sàbhailteachd is Gèilleadh	Ceangailte ri Priomhachasan Ro-innleachdail eile			
Ceannard nan Seirbheisean Bun-structar				
Stiùiriche Sàbhailteachd is Gèilleadh				
Stiùiriche Sàbhailteachd is Gèilleadh				

# Prìomhachasan Ro-innleachdail



## Leudaich an teachd-a-steach coimeirsealta againn agus cruthaich sruthan teachd-a-steach ùra

Ùraich an Ro-innleachd Choimeirsealta a chaidh aontachadh le Bòrd HIAL san t-Samhain 2023. Sgaoil a-mach na structaran buidhneachaidh ireach airson puirt-adhair. Comharraich cothroman teachd-a-steach airson gach ire de phort-adhair, a' gabhail a-steach comas tasgaidh agus feumalachdan stòrasan airson a bhuleachadh.

Cruthaich agus aontaich Plana Ro-innleachdail airson DAL an co-bhonn ri poileasaidh Comhairle Baile Dhùn Dè agus Aonta Cathair-bhailtean Tatha. Tòisich ro-innleachd aontaichte rè 2024/25.

Dèan léirmheas air na tha ri fhaighinn de chonnadh seasmhach itealain (SAF) airson puirt-adhair ìre 1 a bheir taic do dhi-charbonachadh Sgòp 3. Ann an co-bhonn ri Àrainneachd agus Seasmhachd, dèan rannsachadh air cruthachadh lùth ath-nuadhachail, a' gabhail a-steach tuathanachas PV aig a h-uile port-adhair aig sgèile a rèir an dà ire de phuirt-adhair. Thoir a-steach cruthachadh lùth neo-ghniomhach, stòradh bataraidh agus lùghdachadh ann an caitheamh.

Priomhachas
Ceangailte ri Priomhachas

Ball SMT/  
Sponsair a' Phròiseict

Priomh Oifigear Coimeirsealta	Ceangailte ri Prìomhachasan Ro-innleachdail eile		
Priomh Oifigear Coimeirsealta			
Priomh Oifigear Coimeirsealta			
Priomh Oifigear Coimeirsealta			

Libhig modail obrachaidh port-adhair sàbhailte is seasmhach gus feumalachdan ionadail a choileanadh

Ath-thaobhach ar tasgadh bun-structair gus am bi e a rèir stòrasan a tha rim taighinn

Leudaich an teachd-a-steach coimeirsealta agus cruthaich sruthan teachd-a-steach ùra

Lùghdaich a' bhuaidh àrainneachdail againn

Leasach an sgioba-obrach againn gus modail gniomhachais subailte ur-nodha a libhrigeadh

Obraich ann an com-pàrtteachas airson àm ri teachd seamhach



## Lùghdaich a' bhuaidh àrainneachdail againn

Cruthaich mapa-rathaid lùtha gus caitheamh lùtha a lùghdachadh agus gus gluasad gu stòran lùtha nas seasmhaiche, a' gabhail a-steach cumhachd na gréine, na gaoithe, dealan-uisge agus biomass. Cruthaich plana buileachaidh gus amasan, gniomhan, clachan-mile agus feumalachdan ghoireasan a mhineachadh.

Ball SMT/  
Sponsair a' Phròiseict

Stiùiriche Sàbhailteachd is Gèilleadh	Ceangailte ri Prìomhachasan Ro-innleachdail eile		
Ceannard na h-Àrainneachd is na Seasmhachd			

Libhig modail obrachaidh port-adhair sàbhailte is seasmhach gus feumalachdan ionadail a choileanadh

Ath-thaobhach ar tasgadh bun-structair gus am bi e a rèir stòrasan a tha rim taighinn

Leudaich an teachd-a-steach coimeirsealta agus cruthaich sruthan teachd-a-steach ùra

Lùghdaich a' bhuaidh àrainneachdail againn

Leasach an sgioba-obrach againn gus modail gniomhachais subailte ur-nodha a libhrigeadh

Obraich ann an com-pàrtteachas airson àm ri teachd seamhach

# Prìomhachasan Ro-innleachdail



## Leasaich an sgioba-obrach againn gus modail gniomhachais sùbailte ùr-nodha a libhrigeadh

Faigh cead bho Riaghaltas na h-Alba airson modal pàighidh is rangachaидh ùr agus réitich plana gniomhachaидh leis an aonadh ciùrd taobh a-staigh nan criochan maoineachaидh a shuidhich Bòrd HIAL.

Dèan lèirmheas air uairean obrach agus clàran-ùine obrach a rèir nan geallaidean agus nan cumhachan taobh a-staigh aonta pàighidh 2023/24 agus 2024/25 agus dèan sgrùdadh air fhuasglaidhean clàr-ùine obrachaидh eileagtronaigeach.

- Priomhachasan
- Ceangailte ri Priomhachasan

Ball SMT/  
Sponsair a' Phròiseict

Priomh Olfigear nan Daoine	Ceangailte ri Prìomhachasan Ro-innleachdail eile			
Priomh Olfigear nan Daoine				
Priomh Olfigear nan Daoine				

- Libhig modail obrachaидh port-adhair sàbhailte is seasmhach gus feumalachdan ionadail a chòileanadh Ath-thaobhaich ar tasgadh bun-structair gus am bi e a rèir siòrasan a tha rim faighinn Leudaich an teachd-a-steach coimeirsealta agus cruthaich sruithan teachd-a-steach ùra Lùghdaich a' bhuaidh àrainneachdail againn Leasaich an sgioba-obrach againn gus modail gniomhachais subailte ùr-nodha a libhrigeadh Obraich ann an com-pàirteachas airson àm ri teachd seasmhach



## Obraich ann an com-pàirteachas airson àm ri teachd seasmhach

Dèan sgrùdadh air cruth iomchaidh airson fòram conaltraidh luchd-cleachdaidh is coimhearsnachd airson Ceann Loch Chille Chiarain, Dùn Dè, Ilé, agus Tiriodh gus fiosrachadh a cho-roinn agus gus beachdan fhaighinn bho luchd-cleachdaidh puit-adhair agus luchd-ùidh ionadail ann an dòigh structarail. Dèan lèirmheas air Cumhachan lomraidh airson fòraman conaltraidh a tha ann mar-thà. Ath-stèidhich Comataidh Co-chomhairleachaidh Port-adhair Sumburgh ann an cruth a bhios a rèir ri feumalachdan a' phuirt-adhair, luchd-cleachdaidh a' phuirt-adhair agus luchd-ùidh ionadail.

Cruthaich prògram de sgrùdaidhean fios-air-ais bho luchd-cleachdaidh thar nam port-adhair againn gus cuideachadh le bhith a' fiosrachadh cho-dhùnaidhean obrachaидh is coimeirsealta. Stèidhich sgrùdaidhean a tha a' toirt còmhla feumalachdan fiosrachaidh, a' toirt air falbh dùblachadh agus a' lùghdachadh na h-àireimh de shuirbhidhean a tha a dhith.

- Libhig modail obrachaидh port-adhair sàbhailte is seasmhach gus feumalachdan ionadail a chòileanadh Ath-thaobhaich ar tasgadh bun-structair gus am bi e a rèir siòrasan a tha rim faighinn Leudaich an teachd-a-steach coimeirsealta agus cruthaich sruithan teachd-a-steach ùra Lùghdaich a' bhuaidh àrainneachdail againn Leasaich an sgioba-obrach againn gus modail gniomhachais subailte ùr-nodha a libhrigeadh Obraich ann an com-pàirteachas airson àm ri teachd seasmhach

Ceannard a' Chonaltraidh is nan Gnothaichean Corporra

Ceangailte ri Prìomhachasan Ro-innleachdail eile

Ceannard a' Chonaltraidh is nan Gnothaichean Corporra	Ceangailte ri Prìomhachasan Ro-innleachdail eile			
Ceannard a' Chonaltraidh is nan Gnothaichean Corporra				
Ceannard a' Chonaltraidh is nan Gnothaichean Corporra				



Highlands and Islands  
Airports Limited  
Puir-adhair na Gàidhealtachd  
is nan Eilean Earranta

© 2024 Puir-adhair na Gàidhealtachd agus nan Eilean  
Puir-adhair na Gàidhealtachd agus nan Eilean | Àrd-oifis: Port-adhair Inbhir Nis, Inbhir Nis, Alba, IV2 7JB